



# Òran Chaluum Sgàire

Calum MacAmhlaigh

Sèist

l<sub>i</sub> | d : - . r : m | m . r : - : m | d' . t : l : d' | l . s : m : s . l  
Air fàill - ò ro - u fàill èil - eadh ò ro - u Air\_\_

4

m . r : d : r | m : l . s : m . r | m : d . l<sub>i</sub> : s<sub>i</sub> | l<sub>i</sub>  
fàill\_\_\_\_\_ ò ro - u\_\_\_\_\_ Hog - aith ò 's na\_\_ hò i.

6 Rann 1

l<sub>i</sub> | d : m : m | m : r : m . m | d' . t : l : d' | l . s : m : s . l  
O rìgh gur trom m'os-na, 'S fhad-a bho mo luaidh\_\_ nochd\_\_ mi, Mis - e

9

m . r : d : r | m : l . s : m . r | m : d . l<sub>i</sub> : s<sub>i</sub> | l<sub>i</sub>  
tu - ath an cuan Loch - lainn\_\_ 's is' aig Loch an\_\_ Fhir Mhaoil.

- 2 Dh' fhalbh i ghluais i leinn dhachaigh,  
Chuir i chuairt ud air Arcaibh,  
Cruinn ùra 's siùil gheala,  
Tide mhara 's i leinn.
- 3 Nuair a dhirich mi bhruthach,  
Thilg i bhuarach san cuman,  
'S thuir i " 'S uaibhreach an-diugh mi,  
Seo e cuspair mo ghaoil."
- 4 Ged is math a bhith seòladh,  
'S bochd an obair ud dhòmhsa;  
'S mòr gum b' fheàrr leam bhith 'm Bòstadh  
'cur an eòrna 's an raon.



## Òran Chaluum Sgàire

Air fàill ò ro u, fàill èileadh ò ro u  
Air fàill ò ro u, hogaidh ò 's na hò i

O rìgh gur trom m' osna,  
'S fhada bho mo luaidh nochd mi,  
Mise tuath an cuan Lochlainn  
'S is' aig Loch an Fhir Mhaoil

Dh' fhalbh i ghluais i leinn dhachaigh,  
Chuir i chuairt ud air Arcaibh,  
Cruinn ùra siùil gheala,  
Tìde mhara 's i leinn.

Nuair a dhìrich mi bhruthach,  
Thilg i bhuarach 's an cumin,  
'S thuirt i, "S uaibhreach an diugh mi,  
Seo e cuspair mo ghaoil."

Ged is math a bhith seòladh,  
'S bochd an obair ud dhòmhsa;  
'S mòr gum b' fheàrr leam bhith 'm Bòstadh  
'Cur an eòrna 's an raon.

*Air fàill ò ro u, fàill èileadh ò ro u  
Air fàill ò ro u, hogaidh ò 's na hò i*

*Oh God, my sigh is heavy,  
And I far from my love tonight,  
I to the north of Norway  
And she at Loch an Fhir Maoil [Bald Man's Lake]*

*She [the boat] sailed homewards with us,  
Went around Orkney,  
New masts and white sails,  
The tide in our favour.*

*When I reached the hilltop,  
She threw down the milking pail and fetter,  
And said "Happy am I today,  
he is here, the one I love."*

*Although it's good to be sailing,  
It's not to my liking;  
Much better to be in Bosta  
Planting barley in the field.*